

**CEISTEAN A DH'FHEUMAR AM FREAGAIRT LE PÀIRTICHEAN A THA A' CUR  
A-STEACH SGRÌOBHAINNEAN MU SGAOILEADH/NEONITHEACHADH  
COM-PÀIRTEACHAIS CATHARRA A THACHAIR THALL THAIRIS**

1. Dè an t-ainm, aois agus àite-còmhnaidh àbhaisteach a bha aig na pàirtichean **sa chlàradh Com-pàirteachas Catharra/Phòsadh?**
2. Cuin a chaidh tòiseachadh air cùisean an sgaoilidh/neonitheachaidh?
3. Dè an t-àite-còmhnaidh àbhaisteach agus an dachaigh a bha aig gach pàirtiche **san sgaoileadh/neonitheachadh:**
  - (a) nuair a thòisich cùisean; agus
  - (b) nuair a bha an sgaoileadh/neonitheachadh air a bhuileachadh.
4. Ma bhathar a' còmhnaidh gu h-àbhaisteach san RA dè cho fada 's a bhathar a' còmhnaidh ann:
  - (a) ro thòiseachadh an sgaoilidh/neonitheachaidh; agus
  - (b) ro chrìochnachadh an sgaoilidh/neonitheachaidh.
5. Dè an nàiseantachd a bha aig na pàirtichean san sgaoileadh/neonitheachadh air a' cheann-là air ainmeachadh ann an (2) gu h-àird?
6. An e **sgaoileadh/neonitheachadh Cùirte a bha san sgaoileadh/neonitheachadh no** an robh e mar eisimpleir air fhaighinn bho Oifis Earraid/Neach-clàraidh?
7. Ma bha an sgaoileadh/neonitheachadh **air a bhuileachadh le Cùirt:**
  - a) An robh am fear-tagraidh an làthair sa Chùirt? Mur robh, an robh e/i air a riochdachadh?
  - b) An robh ceuman reusanta air an gabhail airson innse dhan neach-dìon gun robh cùisean gan gabhail na (h-)aghaidh?
  - c) An do nochd an neach-dìon sa Chùirt? Mur do nochd, an robh e/i air a riochdachadh?
8. **Mur robh** an sgaoileadh/neonitheachadh **air a bhuileachadh le Cùirt:**
  - a) Càit an deach an sgaoileadh/neonitheachadh a bhuileachadh, mar eisimpleir ann an Oifis Earraid/Neach-clàraidh?
  - b) An robh am fear-tagraidh an làthair sa Chùirt? Mur robh, ciamar a bha e/i air a riochdachadh?
  - c) An robh ceuman reusanta air an gabhail airson innse dhan neach-dìon gun robh cùisean gan gabhail na (h-)aghaidh?
  - d) An robh am pàirtiche eile an làthair gu pearsanta? Mur robh, ciamar a bha e/i air a riochdachadh?
9. Càit an robh na pàirtichean san sgaoileadh/neonitheachadh clàrte mar chom-pàirtichean catharra agus cuin?